


<b>Dreuchd:</b>	<b>Manaidsear Com-pàirteachais is Leasachaidh</b>	
<b>Tuarastal:</b>	B3: FTE £45,449 - £54,419 (pro-rata)	
<b>Stèidhichte:</b>	Ri dhearbhadh	
<b>Uairean obrach:</b>	21 uairean a thìde san t-seachdain (3 latha)	
<b>Fo stiùir:</b>	Stiùiriche Leasachaidh	
<b>Fo ur stiùir:</b>	Sgioba Conaltraidh	
<b>Cùmhnant:</b>	Maireannach	

### Adhbhar na h-obrach

'S e adhbhar na dreuchd cothroman a chomharrachadh agus a chomasachadh airson co-obrachadh le luchd-ùidh san roinn phoblaich, phrìobhaideach agus san treas roinn a thaobh a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig nas fheàrr san àite-obrach, aig an taigh agus sa choimhearsnachd. Tha seo a' gabhail a-steach cur ri libhrigeadh plana corporra Bhòrd na Gàidhlig agus amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Bidh an neach-dreuchd cuideachd na prìomh chomhairliche do choimhearsnachdan ionadail a bhios a' cruthachadh phlanaichean coimhearsnachd Gàidhlig.

### Prìomh dhleastanasan

- Cruthachadh agus stiùireadh co-obrachadh ro-innleachdail le com-pàirtichean bhon taobh a-muigh gus amasan Bhòrd na Gàidhlig agus amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig a thoirt air adhart.
- A' cruthachadh agus a' stiùireadh lìonraidhean agus pròiseactan leasachaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil barrachd dhaoine a' cleachdadh agus a' faighinn buannachd às a' Ghàidhlig aig an obair, aig an taigh agus ann an diofar choimhearsnachdan.
- A' toirt comhairle do bhuidhnean poblach, prìobhaideach agus san treas roinn a thaobh mar as urrainn dhaibh cleachdadh na Gàidhlig fhàs.
- A' stiùireadh cruthachadh phlanaichean Gàidhlig saor-thoileach agus coimhearsnachd.

### Dleastanasan sònraichte

Tha an tuairisgeul obrach seo a' toirt seachad dealbh farsaing den dreuchd aig an àm a chaidh ullachadh. Chan e liosta iomlan a th' ann le iomradh air gach seòrsa dleastanas a dh'fhaodadh a bhith ann, agus thathar a' gabhail ris gum faodadh obraichean atharrachadh thairis air ùine. Mar sin, chan e sgrìobhainn chùmhnahtail a tha seo agus bidh aig an neach san dreuchd seo ri dleastanas sam bith eile a choileanadh, gu ìre fhreagarrach, a dh'fheumas iad gus adhbhar na h-obrach seo a choileanadh.

- Co-òrdanachadh conaltradh Bhòrd na Gàidhlig le prìomh cho-obraichean ro-innleachdail.
- Obraich gu dlùth le prìomh chom-pàirtichean libhrigidh Bhòrd na Gàidhlig agus lìonraidhean leasachaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil iad èifeachdach ann a bhith a' coileanadh riatanasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus Plana Corporra Bhòrd na Gàidhlig.
- Prìomh chomhairliche do choimhearsnachdan a tha a' cruthachadh phlanaichean Gàidhlig saor-thoileach agus coimhearsnachd.
- Cuir buidhnean prìobhaideach agus san treas roinn an sàs ann an co-obrachadh ro-innleachdail.
- A' stiùireadh leasachadh mòr-ionadan cleachdadh na Gàidhlig ann am bailtean-mòra agus air an dùthaich às leth Bòrd na Gàidhlig agus ann an co-obrachadh le com-pàirtichean ionadail. A'

cumail sùil air a’ bhuidh air cleachdadh is ionnsachadh agus conaltradh coimhearsnachd. Comharraich cothroman airson tuilleadh fàs agus lùghdachadh bhachaidhean. Thoir seachad aithris cunbhalach air adhartas le, agus buaidh, mòr-ionadan Gàidhlig

- Gabh os làimh solar sheirbheisean tro phròiseasan aontaichte gus adhartas a dhèanamh air prìomh phròiseactan ann am plana gnìomh bliadhna a’ Bhùird.
- Cuir ri pannalan measaidh a' beachdachadh air iarrtasan maoineachaidh
- A’ stiùireadh an sgioba conaltraidh
- Dleastanas sam bith eile air am meas gu reusanta mar phàirt de dh’adhbhar agus dleastanas na dreuchd.

### Teisteanasan, sgilean agus eòlas

Sgilean	Ìre ion-mhiannaichte
Eòlas air planadh cànan airson Gàidhlig na h-Alba agus sgilean follaiseach ann a bhith a’ cruthachadh agus a’ cur an gnìomh ro-innleachdan airson an cànan a neartachadh.	Riatanach
Comasach air dàimhean a thogail le raon de luchd-ùidh gus dèanamh cinnteach gu bheil prìomhachasan, builean agus gnìomhan air an libhrigeadh gu h-èifeachdach agus gu co-obrachail.	Riatanach
Sgilean stiùireadh pròiseict a' gabhail a-steach a bhith a' stiùireadh raon de phròiseactan aig an aon àm gu cinn-ama teann.	Riatanach
Smaoineachadh breithneachail, mion-sgrùdadh dàta agus an comas prìomh fhiosrachadh a thoirt seachad gu sgiobalta agus gu furasta.	Riatanach
Eòlas ann a bhith a' fastadh agus a' stiùireadh chunnradairean gus na builean a thathar ag iarraidh a choileanadh taobh a-staigh a' bhuidseit agus ann an tìde.	Riatanach
Comas bathar-bog cumanta a chleachdadh, m.e. Outlook, Word, Excel, Internet Explorer agus bathar-bog a tha iomchaidh airson mion-sgrùdadh dàta, mapadh agus stiùireadh pròiseict	Riatanach
Comas buaidh a thoirt air beachdan mhanaidsearan agus stiùirichean.	Riatanach
Sgilean eagrachaidh math	Riatanach
Comasach air fèin-riaghladh gus na toraidhean agus na builean riatanach a libhrigeadh.	Riatanach
Foghlam gu co-dhiù SCQF Ìre 10 (Ceum le Urram)	Riatanach
Teisteanas iomchaidh ann an cuspair iomchaidh (m.e. cruinneachadh dàta, staitistig, rannsachadh) agus/no co-dhiù trì bliadhna de eòlas iomchaidh air a bhith ag obair ann an raon co-cheangailte.	Riatanach
Neach-labhairt fileanta an dà chuid ann an Gàidhlig na h-Alba agus Beurla	Riatanach
Làn-chead dràibhidh na Rìoghachd Aonaichte	Riatanach
Comas meadhanan sòisealta a chleachdadh	Ion-mhiannaichte

## Barrachd Fiosrachaidh

### Sochairean

Bidh luchd-obrach le cùmhnantan maireannach, no cùmhnantan sealach a mhaireas 3 mìosan no nas fhaide, nam buill de Mhaoin Peinnsein Chomhairle na Gàidhealtachd, mura cuir iad a-steach airson tarraing a-mach.

<http://www.highlandpensionfund.org>

Gheibhear 30 latha de shaor-làithean sa bhliadhna agus 7 latha de shaor-làithean poblach. Bidh seo ag èirigh gu 35 latha sa bhliadhna às dèidh 4 bliadhna de sheirbheis (pro-rata)

### Foillseachadh Alba

Mar phàirt de Bhun-inbhean Tèarainteachd aig Riaghaltas na h-Alba, cuiridh Bòrd na Gàidhlig sgrùdadh **Disclosure Scotland** air dòigh airson a h-uile tagraiche soirbheachail.

### Eile

Mar as trice bidh luchd-inntrigidh ùr a' tòiseachadh air an ìre as ìsle den raon pàighidh le dreuchdan maireannach airidh air adhartas mean air mhean, le ùmhlachd do phoileasaidh Bòrd na Gàidhlig.

Bidh feum aig an dreuchd seo air siubhal a dh'fhaodadh a bhith a' gabhail a-steach a bhith a' cur seachad oidhcheannan air falbh bhon dachaigh..

Seo cunntas air an dreuchd mar a tha i an-dràsta. Tha e na chleachdadh àbhaisteach ath-sgrùdadh a dhèanamh air tuairisgeulan obrach bho àm gu àm gus dèanamh cinnteach gu bheil iad iomchaidh don obair làithrich, agus gus atharrachaidhean a chaidh a dhèanamh no a mholadh a nochdadh.

Airson tuilleadh fiosrachaidh mu Bhòrd na Gàidhlig, tadhailibh air an làraich-lìn againn [www.gaidhlig.scot](http://www.gaidhlig.scot).